

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE AND WORK

AIREAMH 1 | 2017 | AM FAOILLEACH

Facal Toisich

An toiseach bu toigh leam beannachdan na Bliadhn' Uire a ghuidhe don luchd-leughaidh air fad ged b'e àite anns a bheil sibh a' fuireach, ann an Alba no ann an iomadh ceàrn eile den t-saoghal, fleantaich agus luchd-ionnsachaidh.

'S e seo a' cheud àireamh de *Na Duilleagan Gàidhlig* anns a' chruth ùr. Cha bhi an iris ri fhaotainn o seo a-mach ach air loidhne. Mar a thubhairt sinn air a' mhìos a dh'fhalbh, tha sinn an dòchas gum bi dòigh aig coitheanalan air na duilleagan a chlà-bhualadh air pàipear airson an toirt seachad do leughadairean air nach eil coimpiutair.

Aig toiseach na bliadhna tha iomadh sgìr air feadh na dùthcha aig nach eil ministear. An seo ann an Earra Ghàidheal tha dusan sgìr a tha bàn agus feadhainn eile far a bheil am ministear a' tighinn gu aois far am feum iad uallach coitheanail a leigeil dhiùbh. Tha sin a' cur barrachd uallaich air ministearan a bhios a' gabhail cùraim nan coitheanal a tha bàn. Tha e math gu bheil eildearan a-nis air an ullachadh airson a bhith 'nam moderàtoran air coitheanalan a tha bàn.

Tha coitheanalan ann a tha a' dèanamh deagh obrach ged a tha iad air a bhith bliadhnachan gun mhinistear air an ceann. Tha còrr againn a bhith fada an comain an t-sluaigh anns na sgìrean sin airson bratach an t-Soisgeil a chumail ri crann o sheachdain gu seachdain agus o bhliadhna gu bliadhna.

Gach beannachd agaibh uile.

Ruairidh MacLeòid.



Aig fosgladh a' Mhòid Nàiseanta anns an Dàmhair chumadh an t-seirbheis fhosglaidh ann an Eaglais a' Mhàrtainnich ann an Steòrnabhagh. Tha ainm na h-eaglais mar chuimhneachan air an Urr. Dòmhnall Iain Màrtainn, a bha 'na mhinistear ann an Steòrnabhagh o 1876. An dèidh a bhith còrr is fichead bliadhna ann an Leòdhas ghabh e ri gairm o choitheanal ann an Oban. Bha e 'na shearmonaiche agus 'na fhear-sgrìobhaidh barraichte ann an Gàidhlig agus bha na sgrìobhaidhean aige air na mìorbhailean agus na cosmhalachdan clò-bhuailte ann an leabhraichean.

Cùil nan Ceist

'S e seo a' cheud mhìos den bhliadhna agus 's e a' cheud turas a thachair rudan anns a' Bhìoball a tha na ceistean a tha sinn a' togail anns an iris seo. Tha freagairt nan ceist air an toirt seachad air an duilleig-chùil.

1. Dè am baile anns an do rinn Iosa a cheud mhìorbhail? (Soisgeul Eòin, caibideil 2.)
2. Lìon a' bheàrn seo: "Thug ----- seachad a' cheud uair an laoidh mholaigh seo." (1 Eachdraidh, caibideil 16.)
3. Cò a bha 'na uachdaran air Siria nuair a rinneadh a' cheud mheas air an t-sluaigh? (Lùcas, caibideil 2.)
4. Cò a bha anns a' cheud bhliadhna de a riaghladh mar rìgh Bhàbiloin nair a thàinig facal gu Ieremiah mu shluaigh Iùdah? (Ieremiah, caibideil 25.)

Misneachadh – 1

Tha e iongantach mar a dh'fhaodas rud beag neo-nì air choireigin ar mì-mhisneachadh, dìreach mar a dh'fhaodas rud beag cuideachd togail a thoirt do ar cridhe nuair a tha sinn fo dhiobhail-misnich.

Ged a tha atharrachadh mòr air tighinn air an t-saoghal on latha sin, cha robh fiosrachadh nan daoine anns a' Bhìoball eadar-dhealaichte ri beatha dhaoine chun an latha an-diugh. Bhiodh cùisean a' dol 'nan aghaidh, agus ch'ì sinn feadhainn dhiùbh air amannan air am mì-mhisneachadh le rudan a bha a' tachairt dhaibh.

Nuair a bha am fàidh Isaiah a' sgrìobhadh bha dìth misneachd am measg a cho luchd-dùthcha a bha 'nan eilthirich, 'nam fògarraich, ann an tìr choimhich, fada on daoine fhèin, am measg sluaigh nach tuigeadh an cainnt agus a bha a' dèanamh tàir air an creideamh. Bha na bliadhnan a' dol seachad 'nan deann agus cha robh fuasgladh air fàire. Tha mo shlighe falaichte on Tighearna, bha iad ag ràdh, tha mo chùis air a leigeil air dearmad le mo Dhia.

Ach bha deagh naidheachd aig Isaiah do shluagh a bha eudòchasach. Bha Dia a' dol a dh'fhosgladh slighe dhachaigh dhaibh tron fhàsach. Agus fhuair am fàidh an gealladh: Bheir Esan neart don anfhann, agus dhaibh-san a tha gun lùth meudaichidh E treise.

Air a' mhìos seo agus air a' bhliadhna seo tha mi an dòchas gun tachair rudan dhuinn a bheir misneachadh dhuinn, agus tha mi an dòchas gun gabh sinn an cothrom cuideachd misneachadh a thoirt le facal no le gnìomh do chuideigin a dh'fhaodas a bhith a' dol tro shuidheachadh duilich 'nam beatha.

Cuimhneachan air Eaglais Ainmeil

An dèidh Dealachadh nan eaglaisean ann an 1843 dhiùlt mòran de na h-uachdarain air Ghàidhealtachd làrach a thoirt seachad far an togadh an Eaglais Shaor taigh-adhraidh. Bha Suaineart air fear de na h-àiteachan far nach robh an t-uachdaran, a bhuineadh don Eaglais Easbaigich, deònach pìos fearainn a thoirt don choitheanal ùr.

Lorg muinntir na h-Eaglaise Saoire dòigh innleachdach air taigh-adhraidh fhaighinn nuair. Nuair nach faigheadh iad àite air tìr. Thog sluagh na sgìre £1400 ach am biodh eaglais air a thogail a bhiodh air acair ann an loch far nach robh cead aig an uachdaran stad a chur orra. 'S e sùim mhòr a bha ann an £1400 anns na làithean sin. Ann an 1846 sheòl an eaglais iarainn à Cluaidh far an deach a togail. Bha am bàta faisg air ceithir fichead troigh a dh'fhaid, ceithir troighean fichead ann an leud agus seachd thar fhichead troigh a dh'àirde. Am broinn a' bhàta bha suidheachain agus cùbaid coltach ri eaglais chumanta. Bha an eaglais comasach air ceithir cheud de luchd-adhraidh a chumail. Bha e air a ràdh gun tuigeadh tu dè cho tarraingeach agus a bha an searmonaiche a bha air ceann na seirbheis a rèir dè cho domhainn agus a bha an eaglais iarainn anns an uisge.

Chan eil sgeul an-diugh air an eaglais iarainn. Ri tìde thogadh eaglais air tìr. Ach an-uiridh lorg daibheir, a bhuineas don sgìr, Iain Mac a' Mhaoilein, air grunn an loch acair agus seinne a bha a bha am bàta iongantach seo a chleachdadh. Tha e air a mheas gun cosg e sia mìle not an t-acair agus an seinne a thogail agus an toirt air tìr agus a ghlèidheadh, ach bhiodh iad 'nan cuimhneachan dhuinn air taigh-adhraidh cho annasach agus a bha riamh ann an eachdraidh na Gàidhealtachd. Gura math a thèid dhaibh 'nan oidhirp.

Leabhraichean

Tron bhliadhna bidh Comann Arsaidheachd agus Eachraidh Nàdarra Chinntire a' cumail choinneamhan air cuspairean a bhuineas do dh'eachdraidh, do dhualchas agus do dh'àrainneachd ceann a deas Earra Ghàidheal. Tha Aonghas Màrtainn air a bhith greis mhath 'na fhear-deasachaidh air iris a' chomainn agus chan eil leabhran an fhoghair idir air deireadh air càch a thaobh sgoilearachd. Dà uair anns a' bhliadhna tha leabhran Chinntire air fhoillseachadh le aithisgean tlachdmhor de gach seòrsa air eachdraidh nan ceàrnaidhean seo de dh'Earra Ghàidheal.

Bidh ùidh air leth aig luchd-leughaidh nan Duilleag ann an aithisg air dithis mhinistearan a rugadh ann am Muasdal, Dòmhnall MacPhàrlain a bha ann an Eaglais na h-Alba agus Seumas MacNimhein a bha anns an Eaglais Shaoir. Bha athair Dhòmhnall MhicPhàrlain 'na mhinistear ann an

The Kintyre Magazine No. 80 Am Foghar 2016

sgìr Chill Eathain agus Chill Choinnich ann an Cinntire.

Ann an 1882 nuair nach robh e ach bliadhna thar fhichead chaidh an t-Urr. Dòmhnall MacPhàrlain a phòsadh ri sgìr na Mhorbhairne. Roimhe anns an sgìr bha ministearan foghainteach de chloinn MhicLeòid Fhionnairigh air a bhith air ceann a' choitheanail, Tormod MacLeòid agus Iain MacLeòid.

An dèidh a bhith còig bliadhna fichead anns a' Mhorbhairne, bha Dòmhnall MacPhàrlain a' faireachadh gu robh an t-àm iomchaidh gu bhith a' gluasad, agus ann an 1907 ghabh MacPhàrlain ri gairm gu sgìr far an robh dà eilean, Giogha agus Càra. Sgrìobh Sydney Mac a' Ghobhainn leabhar air eachdraidh beatha MhicPhàrlain agus 's ann air an leabhar a tha cuid den aithisg aig Aonghas Màrtainn air a stèidheachadh.

Searmon Beag

Ag amharc air Iosa, ceannard agus fear-crìochnachaidh ar creidimh.
(Litir nan Eabhraidheach 12:2.)

An-uiridh bha sùilean an t-saoghail air na Geamachan mòra Olimpianach a bha air an cumail ann an Rio de Janeiro. Bha na mileanan air am beò-ghlacadh leis na bha a' tachairt thall ann am Brazil. Bha iomadh seòrsa lùth-chleas a' tachairt anns an robh na farpaisich a' gabhail pàirt, gu h-àraidh rèisean eadar-dhealaichte, rèisean goirid agus rèisean fada.

Tha e nàdarra dhuinn, gu sònraichte aig toiseach bliadhna, a bhith a' samhlachadh ar beatha, ar beatha spioradail, ri turas no ri rèis, agus tha sin againn anns a' Bhìoball, mar a tha againn anns an earrainn seo ann an litir nan Eabhraidheach.

Anns an rèis seo a tha againn nar ceann-teagaisg tha e air a chomhairleachadh dhuinn a bhith ag amharc air Iosa, ceannard agus fear-crìochnachaidh ar creidimh.

Anns a h-uile rèis feumaidh aire an fhir-ruith a bhith air a' ghnòthach, feumaidh e a bhith a' coimhead roimhe. Cha dèan math dha a bhith a' toirt sùla thar a ghualine, a bhith a' sealltainn mun cuairt air an taobh ud agus an taobh ud eile, a dh'fhaicinn dè a tha càch a' dèanamh. Ma nì e sin faodaidh cuideigin a tha dìreach air a chùlaibh a' chùis a dhèanamh air.

Gun teagamh bidh sinn uaireannan a' sealltainn air ais, gu h-àraidh nuair a tha seann bhliadhna air tighinn gu ceann. Ach chan urrainn dhuinn sin a dhèanamh fad an t-siubhail. Cha bhiodh e fallainn, cha bhiodh e buannachdail a bhith an còmhnaidh ag amharc air ais..

Ach gun teagamh sam bith, faodaidh e a bhith air amannan 'na bhuanachd dhuinn a bhith a' coimhead air ais, a bhith a' beachdachadh air eachdraidh ar daoine, a bhith a' meòmhrachadh air cùrsa ar beatha fhèin. Gu tric anns na sailm chì sinn Dàibhidh a' fòghlam iomadh leasan air na dèiligidhean a bha aig Dia rin athraichean agus ris fhèin. Is cuimhne leam na làithean o shean, tha e ag ràdh anns na sailm.

Bidh e uaireannan air iarraidh air daoine an linn a thaghadh anns am bu toigh leo a bhith beò. Ach tha fios againn nach tèid againn air


an gleog a chur air ais. Sgrìobh an t-Urr. Lachlainn MacLeòid, à Beàrnaraigh na Hearadh, laoidh anns a bheil na faclan seo –
*Cha ghlacar a-chaidh an tìm chaidh seachad,
'S cha phill na dh'aisigeadh bhuainn.*

Iosa, ceannard agus fear-crìochnachaidh ar creidimh. Dh'fhaodadh na faclan siud a bhith air an eadar-theangachadh mar seo, Iosa, air a bheil ar creideamh an crochadh o thoiseach gu deireadh, o thoiseach na rèis gu deireadh na rèis.

Air Muir Ghalile dh'fhiach Peadar ris a' chùis a dhèanamh 'na neart fhèin agus coiseachd air uachdar nan tonn. Thòisich e a' dol fodha. Nuair a thug e a shùil bharr Iosa agus a choimhead e mun cuairt air, air na stuaghan a bha cho àrd agus cho buaireasach, nuair a chuala e fuaim na gaoithe, chaill e a mhiseachd.

An dèidh na h-aiseirigh dh'innis Iosa do Pheadar dè a bha esan a' dol a dhèanamh. Dh'fhaighnich Peadar mu Eòin, Ciod a nì an duine seo? Fhregair Iosa, Ciod e sin dhutsa? Lean thusa mise. Bha a rèis aig Peadar ri ruith. Bhiodh a rèis fhèin aig Eòin. Cha dèan math dhuinn sinn fhèin a choimeas ri daoine eile. Cha e dè cho coltach no cho aacoltach agus a tha sinn ri daoine eile ach dè cho coltach agus a tha sinn ri Iosa. Sin an rud as cudthromaiche.

Chan eil e air iarraidh oirnn rèis a' chreidimh a ruith nar neart fhèin. Tha sinn a' leughadh; ladsan a dh'fheitheas air an Tighearna gheibh iad spionnadh nuadh; èiridh suas mar iolair air a sgiathan; ruithidh iad agus cha bhi iad sgìth, siùbhlaidh agus cha fhàs iad fann.



Bha an t-Urr. Dòmhnall MacPhàrlain 'na mhinistear ann an Gìogha agus Càra o 1907. 'S e mac minister a bha ann agus rugadh e ann an Cill Eathain ann an 1861. Bhuineadh 'athair do Thairbeart Loch Fin. Chaidh Dòmhnall gu Oilthigh Ghlaschu agus fhuair e cead-searmonachaidh o chlàir Ghlaschu ann an 1882. An dèidh a bhith greis a' cuideachadh ann am Partaig, chaidh a phòsadh ri sgrì na Morbhairne anns an Dùbhlachd 1882. Ann an 1907 ghluais e gu Gìogha agus Càra. Tha Càra 'na eilean beag a tha mar phàirt de sgrì Ghioghaigh. Chan eil duine a' fuireach fad na bliadhna ann an Càra agus tha caibeal air an eilean a tha a' dol air ais na ceudan de bhliadhnanachan. Aig aon àm bha Gìogha agus Dùra ceangalte ri chèile mar aon sgrì.

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "O bhithbhuantachd gu bithbhuantachd is Tusa Dia." Tha na faclan sin sgrìobhte anns an deiceamh salm thar cheithir fichead, aig an darna rann. (Salm 90:2.) Aig toiseach na bliadhna tha sinn mothachail air na rudan a tha ag atharrachadh. Ach tha am Bìoball ag innse dhuinn mu na rudan nach eil ag atharrachadh. Bidh sinn uile ag atharrachadh. Ach chan eil atharrachadh a' tighinn air Dia. Tha gràdh Dhè mar a bha e anns na làithean a chaidh seachad. Tha geallaidhean Dhè a' seasamh mar a bha iad an-uiridh agus anns na bliadhnanachan a dh'fhalbh.

Nuair a sgrìobh mi seo bha an uair dìreach air atharrachadh. Chuir sinn an gleog air ais uair an uaireadair. Fhuair sinn uile uair a bharrachd anns an leabaidh. Uaireannan bidh daoine a' diochuimhneachadh gu bheil an uair ag atharrachadh dà uair anns a' bhliadhna. Thig iad don eaglais uair an uaireadair mun tòisich an t-seirbheis. No ruigidh iad an eaglais nuair a tha an coitheanal a' dol dhachaigh. Tha glag na h-eaglais ag innse don t-sluagh nuair a tha e a' tighinn faisg air uair na seirbheis.

Seanfhacal airson na mìos seo: "Fiath Faoillich agus goath luchair, cha mhair iad fada." (January calm and July wind won't last long.) Bha ar n-aithrichean eòlach air an aimsir. Bha fios aca nam biodh side shocair ann toiseach na bliadhna nach maireadh sin fada. Nam biodh goath ann meadhan an t-samhraidh cha mhair iad sin fada. Thig gach nì 'na àm fhèin. Tha feum againn air an aimsir a tha againn aig an àm seo den bhliadhna agus air an aimsir a tha againn as t-samhradh.

28 An dèidh na sàbaid, aig bris-eachd na faire air a' chiad là den t-seachdain, thàinig Muire Magdalen, agus a' Mhuire eile, a dh'fhaicinn na h-uaghe. 2 Agus feuch bha crith-thalmhainn

A-raoir bha a' cheud reothadh den gheamhradh againn. Cha robh ann ach beagan agus bha e ag innse dhuinn gu bheil am foghar seachad. Nì an reothadh feum don talamh. Tha an t-àm seo 'na àm ullachaidh. Bhiodh ar n-aithrichean glè thrang ann an mìosan a' gheamhraidh. Bhiodh bean an taighe a' sniomh agus a' fighe. Bhiodh fear an taighe a' càradh nan lion. Bhiodh a' chlànn ag èisdeachd ris an fheadhainn a bu shine ag innse sgeulachdan a' seinn laoidhean no a bhith a' leughadh a' Bhìobail.



AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall's a-Bhos

RANN

*Didean eile chan eil ann,
'N crochadh riut tha m'anam truagh,
O na fàg mi 's mi cho fann.
Thoir dhomh sòlas 's cùm mi suas.
M'uille dhòchas th'annad fèin,
M'uille chòmhnadh uatsa teachd,
Còmhaich mi fo sgàil do sgèith,
Cùm mo cheann fod dhion gu beachd.*

Seo an darna rann anns an laoidh ainmeil aig Teàrlach Wesley, *Jesus, lover of my soul*. Chaidh an dàn seo a chlà-bhualadh an toiseach cho fad air ais ri 1740. Tha e air a ràdh gun do sgrìobh Teàrlach Wesley còrr is sia mìle laoidh. Tha grunn math dhìùbh sin air an seinn a h-uile Sàbaid ann an seirbheisean eaglais.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air a' cheud duilleig.
1. Càna Ghalile. 2. Daibhidh. 3. Cirenìus. 4. Nebuchadresar.

AIR GEARR-LIOSTA

Tha eaglais Ghàidhealach air geàrr-liosta de na togalaichean as cudthromaiche ann an Alba. Ged a tha coltas glè shean air eaglais Chonain air Loch Obha ann an Earra Ghàidheal, on taobh a-muigh agus 'na broinn, b'ann ann an 1930 a chuireadh crìoch air an togalach shònraichte seo. Ged is ann le urras a tha an eaglais an-diugh bidh coitheanal Eaglais na h-Alba a' cumail sheirbheisean gu cunbhalach anns an taigh-adhraidh seo.

CROIS NA LEARAIG

Chumadh seirbheis shònraichte a' comharrachadh gu bheil còig ceud bliadhna bho chaidh Crois na Learaig a thogail pìos a-mach as an Oban ann an seann sgìr na Cille Mòire agus Cill Bhrìghde. Bha e freagarrach gu robh ùrnaigh air cur suas ann an Gàidhlig aig an t-seirbheis..

ADHBHAR GAIRE

Ann an 1923 chaidh an t-Urr. Coinneach MacLeòid a shuidheachadh mar mhinistear ann an eilean Ghiogha. Aig a' chruinneachadh an dèidh seirbheis a' phòsaidh rinn gach neach a dh'èirich luaidh air

Dòmhnall MacPhàrlain a bha roimhe 'na mhinistear air an eilean – “Rinn Mgr. MacPhàrlain siud. Thubhairt Mgr. MacPhàrlain seo.” Nuair a fhuair Coinneach MacLeòid cothrom bruidheann, thubhairt e, “Chuala sinn mòran a-nochd mu Mhgr. MacPhàrlain. Bha a dhòigh fhèin aige-san air rudan a dhèanamh – agus bidh mo dhòigh fhèin agamsa.”

Urnaigh

A Dhè shìorraidh,
aig toiseach na bliadhna
tha sinn gad mholadh
airson gach beannachd a shealbhaich sinn
anns na làithean agus anns na mìosan
a chaidh seachad.

Thoir dhuinn an dòchas air a bheil
sinn a' cur feum airson na slighe air
thoiseach.

Meudaich ar creideamh
gun fios againn dè a dh'fhaodas a bhith air
thoiseach
anns a' bhliadhna a tha romhainn.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Seo an sealladh on chladh
ann am Bèarnaraigh na Hearadh
tarsaing air a' chaolas
gu Uibhist a Tuath.
Seo far a bheil bard Bheàrnaraigh,
Eachann MacFhionghain,
air a thiodhlacadh.